

H.M. 138.

6/10/10

10/10/10



TRI LAOIDHEAN


LE

DONNACHADH MAC DHUGHAILL,
Eadar-theangair "A' Ghille-ruith Neamhaidh."

"Bithibh a' labhairt ruibh fein ann an sailm, ann an laoidhean, agus ann an dain spioradail, a' seinn agus a' deanamh ciuil 'nur cridhe do'n Tighearn."—Ephes. v. 19.

GLASGO:
AILTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH.
AGUS RA 'N REIC LE
NIAL CAIMBEUL, 31 SRAID-AN-FHO 'NTAIN.

MDCCCLIII.



TRI LAOIDHEAN

LE

DONNACHADH MAC DHUGHAILL.

“Bithibh a’ labhairt ribh fein ann an salmaibh, ann an laoidhibh, agus ann an danaibh spioradail, a’ seinn agus a deanamh ciuil ’nur eridhe do ’n Tighearn.”—Ephes. v. 19.

GLASCHO:

AILTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH.

MDCCLIII.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

COMHAIRLE DO'N OIGE.

Ionnsaich òigeir 'bhi stòlda
'S na tòisich ri gòraich,
Tha naimhdean an tòir ort
Nach eòl duit an dràs d;
Tha inntinn na fedla
'Ga d' shlaodadh an còmhnaidh;
A dh'ionnsaidh nan ròidibh
'Tha treòrach' gu bàs.
Bidh iadsan ag éigheach
A' d' chluasan gur h-éibhinn,
'Bhi 'g imeachd air ceumaibh
'Tha réidh dhuit do ghnàth,
'S ma ghlacar 'nan lìontan
Thu 'deothal an cìochan,
Cha toir iad dhuit sìochaint
Gu dìlinn ach cràdh.

Ged a shaoileas tu 'laoieh
Nach 'eil air an t-saoghal,
A h-aon ann an aogas
A thaobhadh riut féin;
'S gu'n sìnear do làithean,
'Sa choidhch' nach tig bàs ort,
'S nach leagar a' d' thràill thu
Le gàirdein an éig ;

Goididh droch-smuaintean,
 A steach 'nan tuil-bhuairidh,
 A dh'atas droch-uabhar
 A' suas ann a'd' chré,
 'Sa sheallas ro-bhòidheach
 Le mìlseachd an còmhraidh,
 Ga d' tharruinn le seòltachd,
 Gu dòrainn a's péin.

'Se làithean na h-òige,
 An t-àm anns an còir dhuit
 'Bhi 'lìonadh do lèchrain
 'Ni còmhnadh riut féin,
 'S na bi mar na h-òighean
 A dh'fhalbh thun a phòsaidh
 Gun ola 'nan lèchrain
 A sheòladh an ceum ;
 Biodh ola ann a'd' lèchran
 An òrdugh an còmhnaidh,
 A lasas gu h-òirdheire
 Mar òr-ghath o 'n ghréin,
 'Sa bheir soillse gun mhùiseag
 Aig caithir na h-ùrnuigh,
 'Sa ni reula gheal stiùraidh
 Do d' shùil fad do réis.

Tha mianna na feòla
 Cho taitneach do 'n òige,
 'S gu'n roghnaich gach seòrsa
 'Bhi 'g òl dhiubh gu léir ;
 'S an deighidh dhuit òl
 As na tobraichean neò-ghlan,
 Bu mbiann leat 'bhi pòit
 Orra còmhla le chéil' ;

Cha toir iad na sòlais,
 A shaoil thu 'nuair thòisich
 Thu féin air am pògadh,
 'Nan òg mhacain shèimh ;
 'S ann a thionndas an cagarsaich,
 Mar na dubh-nathraichean,
 A theumas gach amadan
 'Ghabhas diubh spéis.

Na h-iarrtasan uamhasach
 'Ghràdhaich do thruailleachd,
 'S mar mhìlsein 'g an luasgan
 Mu'n cuairt ann a'd' bhéul ;
 Cha bhi iad cho buannachdail
 Dhuit ma 's e 's duais dhuit,
 'Bhi faotaim an tuarasdail,
 'S dualach dhoibh féin ;
 Bu mhìne nan t-ìm
 An cainnt ris an inntinn,
 A gealltuinn toilimtinn
 Gu cinnteach gach ré ;
 'S an cridhe làn charan
 Gu d' mhealladh am fagus doibh,
 'S geur mar an claidheamh
 Gu d' ghearradh o chéil'.

Tha 'n cridhe cho cealgach
 'S nach urrainn thu aithneachadh,
 'S tha cagarsaich sheana-bhraidein
 Ainmic o 'chluais ;
 Gu'n ghuth gur e dùthchas
 A chridhe 'bhi lùbadh
 A dh'ionnsaidh eas-ùmhlachd,
 'Sa diùltadh 'bhi nuadh ;

Le ragaireachd oilteil,
 A' casaid gu sloighteil,
 Air firinn an t-Soisgeil,
 'Tha foillseach' a shnuaidh,
 'S nam freumhan dubh, aingidh,
 'Tha nàdurra leanmhuinn
 'S a chridhe 'na shearbhalachd,
 Dhearbhata, mar bhuagh.

Ciod an tairbh' a bheir neò-ghloine
 Ghràineil, na feòla?
 Cha toir aon diubh dhuit sòlas
 Aig còrsan a bhàis;
 Cha toir misg agus ruiteireachd
 Fois 'an là claidh dhuit;
 'S cha chuir miunnan ort aoibhneas
 An oidhche do chràidh;
 'S ann a bhios iad mar shnàth'dan
 An sàs ann a'd' chnàmhan,
 'S nan leòmain a' t'àirnean
 A' fàsgadh do chàil,
 'S nan dealachan bàsmhor,
 A' deothal do nàduir,
 A bheathaich gu trà iad,
 Mar mhàthair le gràdh.

Iarr eòlas a's naomhachd
 Mu'n cruadhaich an saoghal,
 Le 'chleachdainnean baoghalta,
 Faoine, do chrì;
 'Se aighean òg maoth
 'Bhios furasd' an aomadh,
 Seach dualachd na h-aoise
 Gu gaol 'thoirt do Chrìosd.

'Se 'n laothan bog ùrail,
 'S am faillean is ùire
 'Bhios furasda lùbadh
 Ri d' ghlùn chum a shnìomh ;
 Seach darag do sheana-mhaide
 Crotach, le cama-chuir,
 Gun snothach 'na h-aimsir,
 Ach seargadh gun bhrìgh.

Cuimhnich Dia ann a t'òige,
 'S bi leughadh mu 'mhòrachd,
 O 'm faigh thu le mèdrachadh
 Eòlas glan, ùr ;
 Iarr an spiorad a'd' stiùradh
 Gu fair' agus ùrnuigh,
 'S ni chumbachd do dhùsgadh
 Gu cùram mu d' chùis ;
 Théid na lannan 'bha dlùth'chadh,
 'Sa dalladh do shùilean,
 Gu h-ealamh a rùsgadh
 O thùchadh nan sùl,
 'S o dhealradh a ghnùise
 Gheibh ruisg a bha dùinte,
 Glan-fhradharc a's dùrachd
 A sgrùdadh a rùin.

Tha 'rùn anns an t-soisgeul
 Gu fialaidh dhuinn foillsicht'
 A dh'innseas mu'n oighreachd
 Is aoibhniche gné ;
 'S an gràdh 'thug an t-oighré
 Do 'n chloinn nach do thoill sud ;
 'Sa cheannaich le 'thoillteanas
 Caoimhneas dhoibh féin ;

Lean thusa 'nis Iosa
 Mar dh'inuseas an fhirinn,
 'S bheir esan duit fhìreantachd
 Fhìor-ghlan, mar sgéith,
 A chòmhdhaicheas thairis,
 Le usgraichean geala,
 Do bhuaghan a's t-anam,
 Mar dhealanach nèimh.

Na bi thusa 'toirt dùlan
 Do 'n spiorad 's na mùch e,
 'Nuair thig e gu drùidhteach
 A'd' dhùsgadh o d' shuain ;
 Na biodh geilt ann a'd' inntinn,
 Na iomagain roimh thionndadh
 A ghabhail ri iompachadh
 Diongmhalt' an Uain ;
 Cha chuir iompachadh uallach,
 Na cràdh air do bhuaghan,
 Mar shaoileas na h-uaibhrich
 Nach d' fhuair as an uaigh ;
 'Sann a lìonar le deòthas
 Thu 'thagradh ri trècair,
 A leighseas do bhreòiteachd
 Le sòlas bith-bhuan.

Ceannaich thusa 'nis slàinte
 Gun fhèdirlinn a phàidheadh,
 Nach dealaich gu bràth riut,
 Le bàs na le h-uaigh,
 'Tha i dhuitse gun airgead,
 Gun òr air a tairgse,
 Ma théid thu do 'n mhargadh
 Le calmachd gu luath ;

Tha ìocshlaint' do fheumanaich
 Lag-chridheach, dheurach,
 A leighseas gach eucail
 Gun éirig gun luach,
 'Ga reic ris gach creutair
 Aig bonn a' chroinn-cheusaidh,
 'Na tuiltean le h-eifeachd,
 O chreuchdan an Uain.

Ma dh'éigheas tu 'n àird ris,
 A's tart ann a t'àirnean,
 Ag iarraidh air slàinte,
 Le gràs o a'mhaoin,
 O shaibhreas a lànachd
 Gheibh t'anam na bhàthas
 An tart a chuir gràs ort,
 Leis a' ghràdh a tha saor ;
 Tha 'n Slànuighear gràdhach,
 Ag éigheach gu làidir,
 'Nis òlaibh bhur sàth dhìom
 A chàirdean mo ghaoil ;
 Ged dh'òlas an saoghal
 Le 'ghineil 's le dhaoine,
 Cha 'n urrainn gu'n traoigh iad
 Cuisle 'ghaoil ann am thaobh.

GEUR-MHOTHACHADH.

*Thoir mis' o'n eug, thoir mis' o'n eug,
Thoir mis' o'n eug, a Shlà'n'fhir—
A shaor do phobull fein o'n Eiph't,
A dhain'oin eu-ceart Pharaoh.*

Tha mis' an àite sleamhain, lom,
'S tha crith a' m' chom nach àbhaist,
'S na tuite trom, tigh'nn tonn air thonn
A' toirt nam bonn o m' fhàrdaich.

Tha 'n t-àm bhi teicheadh chum an t-sléibh,
'S na cairge tréine, làidir,
A chumas fàsgadh agus dìon,
Air dilleachdain na slàinte.

Na cuspairean d' an tug mi spéis,
'S a gheall dhomh féin bhi càirdeil ;
'Sann fhuaire mi iad 'ga m' mhealladh réidh,
Gu gleusta 'réir mo nàduir.

Nach iongantach gu bheil mi beò,
'S mi chòmhnaidh anns an àite,
'S nach iarrar thu le aon 'san fhèdil,
'S gur sòlas leò bhi tàir ort.

Nach gionach, breun, mo pheacaidh féin,
'Ga m' thoirt air sréin do shàtan,
'S ag iathadh orm gu saothreach, soirbh,
'S mo chridh' air lorg an àithne.

A' togail sàil eas-ùmhlachd suas
An aghaidh Uan an Ard-Rìgh,
'Sa tilgeil saighdean an droch-aoin
Air seircein naomh na slàinte.

Mo ghlac 's mo dhòrlach làn do ghnàth,
 'S mi ruith le gràdh mo nàduir,
 Cho dian ri each a' ruith na réis;
 A' caitheamh leusan bàsmhor.

'S mo leusan féin a' teachd a nuas,
 Mu m' chlaigeann truagh, 'san àr-fhaich,
 'S gun aon a' tuiteam ach mi féin,
 Le claidheamh geur mo chàirdean.

'S mo mhuinntir féin 'gà m' thoirt a' sìos
 Gu h-innleachdach do m' nàmhaid;
 O 'n fhuair iad mise lot 'sa leòn,
 Le bearta gò mo nàduir.

O! c'ait' an tionndaidh mise nis?
 'S mo chridh' air chrith roi' 'n àite
 'S an d' fhàgadh mi le m' chionta féin;
 'S an làn ri m' bheul a bhàthas.

Nach truagh bhi sealltuinn air a' chuan?
 'S gun ni mu'n cuairt domh 'theàrnas,
 'S an fhìreantachd a tha fo m' bhonn
 Le neart nan tonn 'ga m' fhàgail.

Tha 'n fhìreantachd a rinn an fhèdil,
 'Na tonnan beò 'ga m' bhàthadh,
 'S mi nis a' faotainn buile-bàis,
 A mharbhas plàigh mo nàduir.

Na suip a thog mi air an stéidh,
 'S a' gabhail cré 'g an tàthadh,
 'Nuair dhearbhadh iad le spiorad Dhé,
 Loisg iad mar chéir 'nan smàl as.

'Nuair chaill mi buileach dhìot mo dhùil,
 Ghabh thu dhìom cùram càirdeil,

A's chuala mi do ghuth caol, ciùin,
Air feadh mo rùn gu làidir.

Aig labhairt rium nam briathran fìor,
A chuireadh sìos le t'àithne,
"Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd,"
A ni gu sìor do theàrnadh.

Ged bha thu fann bha mise dlùth,
Nan sinneadh tu do làmh dhomh,
'S an uair bu laige bha thu fàs
Bu làidire mo ghràs duit.

Thoir mis' a Dhé leat féin air bòrd
Na h-Airce beò nach fhàillnich,
'S biodh fuil an Uain 'ga m' chumail suas
A' meadhon cuain a's àmhghair.

Air caithir m' aigne suidh gu buan,
A sgrios gach uail a's àrdan,
A dh'fhaodas éiridh suas o 'n fheòil
Nach tugadh glòir na gràdh dhuit.

Leig thugam féin do sholus ùr,
A dh'ùraicheas mo nàdur,
'S a stiùras mi le reachd do rùn,
Chum imeachd dlùth ri t'àithne.

Fosgail domh gu farsuinn fial,
An ceum 'san triall mi t'fhàbhar ;
'S gu'm fàgaim léir-sgrios as mo dhéigh,
'S gu'n teichinn féin gu Sàileim.

Cuir sìle gràis a nis ri m' shùil,
'Bheir lannan dùbailt, làidir,
O 'n fhradhare fhann nach math a ch.
Na bheil air tì mo bhàthadh.

'S gu faicinn féin an gàirdean tréun,
 A dhealbh na speuran àrda,
 'S e sìnte mach 's am bàs fo 'smachd
 'Sa mhiann le tlachd bhi 'teàrnadh.

An gàirdean làidir, chuir le buaidh,
 An ruaig air feachd an àrdain,
 'Sa ruigeas air gach creutair leòint',
 Tha call a thredir gun slàinte.

Thoir dhomhsa Rìgh aig féill nan gràs,
 Do làithreachd bhàigheil, ghràs-mhor,
 'S nach meataicheadh mo mhiann a'd' dhéigh,
 Ged dh'éireadh teinn a's àmhghar.

A chionn a Rìgh gu bheil thu beò,
 'S air t'òrdachadh a theàrnadh
 Na dream a dh'earbas riut an cùis,
 Gu buintinn riù mar 's àill leat.

Faodaidh màthair fàs gun mhùirn,
 'S a' diùltadh a bhi gràdhach
 Ri sliochd a cuim 's nach léir an cuing
 Le dìth na suim d' an àmhghar.

Ach 's tusa gheall bhi seasamh dlùth,
 Le dillseachd mhùirneach, bhàigheil,
 'S nach fhàillnicheadh ged rachadh grian
 'S a chruitheadh chian na smàl as.

O! Rìgh nan dùl bi air an stiùir,
 'Ga m' chumail dlùth le gràs riut,
 'S na fàg mi bhos air stòl do chos,
 'Ga m' chlaoidh fo los do nàmhaid.

'Nuair bhios an t-anam dubhach, sgìth,
 'S gun aige nì do d' làithreachd,

Cuir féin le dealradh glan do ghnùis',
Do dheadh-ghean ùr an àird ann.

An inntinn luainneach thoir gu stòl
Le spiorad beò na slàinte,
A chumas ceart i anns a' ghleachd,
'Sa bheir dhith beachd le gràdh ort.

O! coinnich féin i air gach taobh,
'Nuair bhios i baoth 'ga t'fhàgail,
'S a dol gu cuspairean ro-fhaoin
An àm an aoraidh Ard-Rìgh.

O! sgaoil an ceò tha 'toirt air slòigh,
A bhi ri bròn gu cràiteach,
Do bhrìgh 's nach léir dhoibh thu le sùil
A chreidimh 'dhùin an t-àrdan.

'Nuair thig an ceò 's an cridhe cruaidh,
Am bannaibh duail a chàirdeis,
A chlaoidh le dò-bheirt macan gràis;
Bi thus' a ghnàth ga theàrnadh.

Ach glòir gu bràth biodh dhuit a Dhé,
A chuir do cheud-ghin gràdhach
A shaoradh muinntir 'bha le cuing,
'G an claoidh fo luim an nàmhaid.

O! molaibh buan 's na flaitheas shuas,
An gràdh a fhuair na tràilleann,
'S biodh mòrachd dìrdheire, Rìgh nan dùl,
A' faotainn cliù 's na h-àrdaibh.

O! seinneadh neamhan àrd nan speur
Le 'n uile threubhan deàlrach,
Le caithream àrd a's iolach bheò,
A' toirt mòr-ghlòir do 'n t-Slàn'ear.

Cha tomhais sìorruidheachd an gaol,
 A thug Fear-saoraidh gràdhach,
 Do shaoghal cailt' a thréig e féin,
 'Sa chaidh nan déigh a theàrnadh.

An riochd nan creidmheach anns an fhèil,
 A' fulang bròin a's àmhghair,
 'S gun aon 's an fhèil leis fein 'na chùis,
 Nach tug an cùl gun bhàigh ris.

A' giùlan piantan agus péin,
 A chroinne-cheusaidh bhàsmhoir,
 A chum nach ruigeadh lot na leòn
 Air duine beò 'bheir gràdh dha.

A' caitheamh crùn a mhill a ghnùis,
 Nach fhaca sùil cho àillidh ;
 Air son gu faigheadh a chuid sluaigh
 Crùn-beatha shuas o 'm bràthair.

Bheil dùil agad a chreutair thruaigh,
 Nach éisdeadh cluas do bhràthar,
 A bhlais am bàs ad leigheas fein
 Nan éigheadh tus' an àird ris?

Nach tric a bhrùchd a mach na dedir
 O 'shùilean glòrmhor, gràdhach,
 A chionn nach tigeadh sluagh g'a chdir,
 'S gu'm biodh iad beò gu bràth leis.

O! biodh mo rùn a' deanamh ciùil
 Do Rìgh nan dùl gu làitheil,
 A shaor mi féin o làimh an éig,
 'Nuair bha mi 'n éigin ghàbhaidh.

O's nèarachd neach a ni thu ghleachd,
 'S 'ga thoirt 'na chreach o 'n nàmhaid,

Ged shaoileas duine truagh, 'na bheachd,
Gur ni neo-chneasda gràsan.

Cum mise réidh riut fein a Dhe,
Ri fad mo réis 'san fhàsach;
'S an uair a chi thu 'n t-àm bhi deas,
Thoir mise leat do Phàrras.

An carbad sìorruidh nan each-geal,
'S am faic mi Mac do ghràidh-sa
Gun dorchadas 'sa ghnùis gheal, chaoin;
Le naombachd orm cur fàilte.

NEO-CHINNTEACHD BEATHA.

*" Ciod i bhur beatha? is deatach i a chithear re uine bhig,
agus an deigh sin a theid as an t-sealladh."*—SEUM. iv. 14.

O! dhuine nach dùisg thu,
'S gur dlùth dhuit ni éigin,
A ni do thionndadh gu smùraich,
Ged is lùghmhor do cheum-sa;
'S ged a tha thu mar ùr-chrann
Nam fiùranaibh geugach,
Bheir am bàs dhìot le dhùlachd
Do rùsgan féin-spéiseil.

Chunnaic mise ri m' ghuallainn,
Dream a ghluais ann a'd' cheumaibh,
Gu gog-cheannach luainneach,
Le guanaichead fhéineil;
'S ged bu bhàidheach an gruaidhean,
Cha d' rinn snuadh dhoibh bonn éifeachd;
Oir thuit iad sìos mar an luachair
A bhuainear le geur-speal.

Nach ro-dhìomhain do 'n òigeir
 A bhi còrdadh r'a nàdur,
 A mheallas esan 'na dhòchas
 Le mòrchuis a's àrdan ;
 Na bhi 'g éisdeachd a chòmhraidh
 'Thig o sheòltachd a nàmhaid,
 A bhios brionnalach feòlmhor,
 'S gathaibh dòlais 'na chàirein.

Tha dream ag earbs' as am fòghlum ;
 'S cuid an dòchais 'nan leughadh ;
 'S pàirt á tàlannan mòra
 Nach dean còmhnadh an éigin ;
 Ach is dòcha mar mhòran
 Creutair feòlmhor a shéideadh ;
 Lé droch-uaille a bheir leòn doibh,
 Ann am bròn, na mu'n eug iad.

Chi mi ròsan ro-bhèidheach
 Air na còmhnaird gu ceutach,
 Nach bi blàthor an còmhnaidh
 Fo an òr-dhathaibh seudach ;
 Anns a' mhadainn a' sgaoileadh,
 Mar na craobhan trom, geugach ;
 'S mu'n tig feasgar air laomadh
 Le droch-chaoin air an réidhleinn.

Ionnsaich òigeir o 'n Bhìobal ;
 Gur dìomhain do smaointean ;
 Feumaidh tusa gu'n strìochd thu
 Nì's ìsle na shaoil thu ;
 Nach 'eil nàdur ag innseadh,
 Leis an fhirinn gu'n caochail ;
 Gach aon gu tìr dì-chuimhn',
 O na cìochrain gu h-aosmhoir ?

C'ait' an téid thus' a thòireachd
 Nan òganach àluinn,
 A bha 'cluiche 'nan òige
 Leat air còmhnard a' bhlàir so ?
 Ged a théid thu feadh sheòmar,
 Far an d'fhòghluim sibh càirdeas,
 Cha 'n fhaigh thu iadsan a' còmhradh,
 Mar bu nòs ri àm àraidh.

Cha lorgaich thu 'n ceumaibh
 Air na sléibhteàn a dh'fhàg iad,
 Far an robh sibh le chéile
 Gu leumaineach gàireach ;
 Ceart cho baòth ris an eunlaith
 'Tha gun reusan 'nan nàdur ;
 Na mar chuileagan céitein
 'Ruith a chéile 'san àile.

Nach criothnaich thu 'thruaghain,
 'S an uaigh an trom mhiann ort,
 A chnàmhas tusa gu luaithre
 Ged is uaibhreach do rianaibh ;
 Gun thu cinnteach car uair bheag
 Nach suainear 'na gial thu ;
 Fo a deud a ni bruan dhòt,
 Gu truailleachd mhi-chiatach.

Ciod an cumhachd a chaomhain
 Thu air saoghal na tràcair ?
 'Nuair a thuit air gach taobh dhòt
 Iomadh aon 'bha ni b' òige ;
 Nach e maitheas a' ghaoil sin
 Nach do chaochail gu bròn thu,
 Dh'fheuch an deanadh tu taobhadh
 Ri Fear-saoraidh 'ni tràcair.

Tha neo-chinnteachd do làithean
 Ga t'fhàgail gun dìdein ;
 Mar bhiodh Saighdear 'san àr-fhaich'
 Gun àit' a ni dìon da,
 'S na dubh-pheileirean bàsmhor,
 'Tigh'nn o 'n nàmhaid 'nam mìltean,
 A' cur as da chuid bhràithrean,
 Air gach làimh dheth le dìobhail.

Sud mar tha thus' a chreutair
 Do nach léir na bheil làmh riut ;
 Gun thu cinnteach nach eug thu
 'Nuair is éibhniche t'àbbachd ;
 Le do smaointean eu-céillidh
 'Toirt na bréige le dànachd,
 Do gach rabhadh is géire
 'Chi do léirsinn gu làitheil.

Cha tig tioma na drùghadh
 Ann a' d' rùn-sa ged chi thu,
 Do chomh-chreutair a' dùnadh
 A shùilean gu siorruidh,
 Leis a' ghàirdein a lùbas
 Uile dhùilean gu strìochdadh,
 Fo a chumhachd le h-ùmhlachd,
 Chum na h-ùrach gu dìblidh.

Cia fhad' a dhùineas an t-uabhar
 Do chluasan o éisdeachd ?
 Ris an teachdaireachd chruaidh sin
 'Tha gach uair aig an eug dhuit ;
 Nach gabh seachad air uasal
 Na air uachdarain threubhach,
 Gun am pronnadh gu luaithe
 'Dh'aindeoin uaill 'sa cuid euchdan.

Tuig an cumhachd a chreutair
 A shleuchdas gu làr thu ;
 Rinn e 'n talamh 's na speuran
 Le 'n reultan geal, deàlrach ;
 Ghabh e neo-ni 'na mheuran,
 'S chuir a bheul le beò àithne
 'Mach na saoghail 's na nèamhan
 Le an treubhan do-àireamh.

Rinn a ghàirdein ro-ghlòrmhor
 Uile bhedthaibh an t-saoghail,
 Le àrd chumhachd a's mòrachd
 Thar gach fèil agus daoine ;
 Mar an ceudna gu h-òirdheirc,
 Le deadh òrdugh nach caochail,
 Anns na flaitheas nach eòl duinn,
 'S am bheil glòir agus naomhachd.

'S leisan uachdranachd shiorruidh
 Thar gach nì 'rinn a làmhan,
 O 'n chruthachadh ìochdrach
 Gus na rìogh'chdan is àirde ;
 Tha 'n glòir nach gabh innseadh
 An lagan dìomhair a dheàrna ;
 Fo a fhradharc ro-fhìor-ghlan,
 Mar an fhìneag a' d' làimh-sa.

Tha do chridhe 's do rùn-sa
 Ro-rùisgte d' a léirsinn ;
 Ceart cho soilleir d' a shùilean
 Ris an stùr an gath gréine ;
 Oir do smaointinnean dìomhain,
 Collaidh, ìoganach, 's léir dha
 Ann a t'innigh gu dìomhair,
 Mar a chì thusa sléibhtean.

C'arson a bhios tu gun chùram
 Air do stiùradh le t'àrdan ?
 Ann am fianais na gnùis sin
 A sgrùdas na h-àirnean ;
 'S a chriathradh gu smùraich,
 Am priobadh sùl thu le 'ghàirdein,
 Air falbh feadh nan dùilean,
 Mar an smùid roi' ghaoth làidir

Dean thusa fair' agus ùrnuigh,
 Tarruinn dlùth ri Iehobhah ;
 Na biodh ach priobadh do dh'ùine
 Ann a' d' chunntas d' a mhòrachd ;
 'S bi gach mionaid a shiùbhlas
 Fo throm chùram 'thoirt còdhail
 Do 'n Athair le h-ùmhlachd,
 Mar bu dù do chnuimh fheòlmhor.

Na gabh misneach ged chì thu,
 Dream air sìneadh an làithean,
 'S na cuir dàil a bhi strìochdadh
 Do Chrìosd air son slàinte ;
 Na toir éisdeachd do 'n ìogain,
 'Bhios gu h-innleachdach làidir,
 Ga d' tharruinn 's na lìontan,
 Le crìonnachd do nàmhaid.

'Nis a sheann duine ghòraich,
 'S culaidh bhròin thu da rìreadh ;
 Tha thu mealladh gach òigeir
 Le dòchasan dìomhain ;
 'S e do bheusan 's do chòmhradh,
 'Bhios 'na cheòl aig' a' chìochran,
 'Ga d' leanmhuinn gu seòlta,
 Le deòthas a's dìchioll



Tha do liath-cheann ag éigheach
 Riut féin leis gach ròineig,
 'S gearr t'ùine fo 'n ghréin so
 Gus an téid thu mar cheò as ;
 Na bi cruadhchadh do reusain,
 Le rag-fhéinealachd fheadhlmhor,
 'S a toirt dùlan nach sleuchd thu
 Do reachd Dhé fhad 's is beò thu.

Ged nach labhair do bhéul sud,
 Tha do bheusan 'ga dhearbhadh ;
 B'fhearr leat suidhe fo éisdeachd
 Ur-sgeulachd na searmoin ;
 'Sann a bhios i 'ga d' bheuradh
 Mar na h-éibhlean a dheargas
 Duileach craoibh' air a geugan,
 O 'n a dh'éisd thu le dearmad.

Nach robh freasdal an Ard-Rìgh,
 Air gach là 'toirt dhuit saobhaidh,
 Nuair a leag e le 'ghàirdein
 Do chàirdean gach taobh dhìot,
 Thu bhi deas a chur fàillte
 Air a bhàs a tha daonnan,
 'Tabhairt anamaibh gu làithreachd
 Na caithreach àrd is glan naomhachd.

Nach do leagadh gu h-ìosal
 An cìochran a ghlaoidh riut,
 'Sa bha 'g amharc le 'mhiog-shuil
 Gu dìreach a' t'aodan
 Leis a ghàirdein a strìochdas
 Thus' a' d' shìneadh r'a thaohh-san ;
 Ged a fhuair thusa tìom-bheag,
 Thig a crìoch 'nuair nach saoil thu.

Cha 'n 'eil anail a thàirneas

Tu gach trà ann a'd' bheul-sa,
Nach 'eil a' dlùthchadh a' bhàis ort,
Mar théid sàbh dhuit roimh dhéile ;
Bidh do bhuilg madainn àraidh
Air am fàgail gun éifeachd,
'Nuair a stadas an t-Ard-Rìgh,
Le a ghàirdein d' an gleusadh.

C'àit' am fosgail na sùilean,

A bha thu dùnadh le t'àrdan ?
Ach 'am fianais na gnùis sin
Do nach d' ùmhlaich thu tràthail ;
'S a chuireas uamhas a' d' rùn-sa
Le crith-ghlùinean a's àmhghar
O sholus òirdheire nan sùl sin,
A ni do chiùradh le 'n deàlradh.

Ma gheibhear thusa gun léin' ort,

Gun uchd-éididh gun bhrògan,
Nach do cheannaicheadh o éifeachd
Na h-éirige glòrmhor ;
'Sann a bhios tu sìor éigheach
Ris na sléibhtean do chòmhdach,
A theicheas uaitse mar neul as,
'S bidh tu féin gun aon trècair.

Na toir éisdeachd do 'n chòmhradh

A bheir sòlas do d' nàdur.
'S a bha 'ga d' mhealladh o t'òige
Le seòltachd do nàmhaid ;
'S a bha 'g ràdh riut an còmhnaidh,
Tha thu òg 's cha 'n 'eil stà dhuit,
A bhi 'g iarraidh chum trècair,
'S ùine mhòr mu'n tig bàs ort.

'Nuair gheibh do nàmhaid do chruadh'chadh
 Ni 's cruaidhe nan stàilinn,
 Tionndaidh esan a dhuañ riut,
 A chur cluainn ort mar 's àill leis ;
 Their e riut tha thu truailidh,
 'S cha ghlan nuadh-bhreith na gràs thu ;
 Fuirich thusa gun ghluasad,
 'S gheibh thu duais 'sam bi tàbhachd.

Pill a dhuine mar tha thu
 Chum an Ard-Rìgh tré losa,
 Nach dean tarhuis na tàir ort,
 An Slànuighear siorruidh
 A shaoras tusa le 'ghàirdein
 O gach nàmhaid 'bha 'n tì ort ;
 'S a ghlanas tu le a ghràsan,
 Gu bhi 't'ailleagan rìomhach.

Teich a thruaghain gun mhàirneal,
 'Chum an t-Slànuighear ghòrmhor,
 Am feadh 'sa thairgeas e slàinte
 Dhuit le gràs nach leig leòn ort ;
 'S e cho déigheil do theàrnadh,
 O gach gàbhadh a's dòrainn ;
 'Sa bha e dhìoladh do 'n Ard-Rìgh
 Na cheannaich fhàbhar do d' sheòrsa.

Tréig am peacadh le mì-ghean ;
 As uchd Chrìosd a ni réidh thu,
 Ris an Athair a thìodhlaic
 Dhuinn an didein nach séisdear ;
 Iarr còmhnadh o 'n fhìrean,
 A chaidh ìobairt 'sa dh'éirich,
 A thoirt bheannachdan sìorruidh,
 Do gach dìlleachdan feumail.



GAELIC BOOKS

SOLD BY NEIL CAMPBELL,

31, *THISTLE STREET, GLASGOW.*

- Ainmean Cliuiteach Chrìosd, le Uilleam Dyer, 1845.
 An Camadh 's a' Chrannehur, le Tomas Boston, 1845.
 An Ceud-Ghin Spioradail, le L. Richmond, 1848.
 An Eaglais Choitcheionn, le Donnachadh Mac Challum, 1842.
 An Gille-ruith Neamhaidh, le Iain Buinian, 1848.
 An Teachdaire Gac'lach, 1829-31.
 Beachdan mu Iobairt-reitich Chrìosd, le G. Farcharson, 1843.
 Coir Mhor a' Chrìosduidh, le Uilleam Guthrie, 1845.
 Cuairt an Eilthirich, le Iain Buinian, 1845.
 Cuairtear nan Gleann, 1840-43.
 Cunntas Aithghearr mu Eachdraidh, nam Baisteach, 1845.
 Eachdraidh Ioseph Mhic Iacoib, 1844.
 Eachdraidh mu Aindrea Mac-Ille-Dhuinn, 1829.
 Earail do pheacaich Neo-iompaichte, le Ioseph Alleine, 1839.
 Earail mu Naomhachadh La an Tighearna, le S. Gilfillan, 1813.
 Focalair Ur Gaelig agus Beurla, le P. Mac Pharlain, 1815.
 Gairm Do'n t-sluagh Neo-iompaichte, le Richard Baxter, 1845.
 Leabhar Nan Cnoc, le Tormaid Mac Leoid, 1834.
 Leabhar Pocaid an Naoimh, le Ioseph Alleine, 1823.
 Mu Dhreuchd agus mu Fhrith-ealadh nan Aingil, le C. Love.
 Neamh air a Ghlacadh le Garbh-ionnsuidh, le T. Watson, 1849.
 Nighean an Airiche, le L. Richmond,
 Seoladh agus Misneach do neach a tha fo iomagain, 1842.
 Seolaidhean do 'n Oigridh, le Uilleam Innis, 1827.
 Slat-Thomhais an Ionaid Naoimh, 1813.
 Smuaintean Cudthromach mu fhulangais Chrìosd, 1800.
 Toiseach agus Fas Diadhachd san Anam, le P. Doddridge.
 Uisge na Beatha, le Iain Buinian, 1846.
 Osnaichean bho Ifrinn, le Iain Buinian, 1846.
 An Chrìosduidh aig Bruaich Iordain, le Iain Domhnullach.
 An Laoidheadair Gaelig, le D. Mac a' Cheanneididh, 1836.
 Cumha an Diadhair Urramaich Dr. Tomas Chalmers, 1848.
 Dain a' Chomhnadh Crabhaidh, le Seumas Mac Ghriogair.
 Dain Spioradail, le Paruig Grand, 1842.
 Dan a' Cliuthacha Stua-machd agus a' Di-moladh mi-stuamachd
 Dan air mi-churam Cheann-iuil, le D. Mac Dhughail, 1853.
 Dana Diadhaidh airson Oigridh, le Isaac Watts, D. D. 1840.
 Laoidh a' Chrìosduidh, le Alastair Cleireach, 1805.
 Laoidh Dhaibhidh Mhic Ealair, 1835.
 Laoidhean Spioradail, le Callum Mac a' Phi, 1842.
 Laoidhean Spioradail, le Donnachadh Mac Mhuirich, 1842.
 Laoidhean Spioradail, le Dughall Buchanan.
 Laoidhean Spioradail le Ughdairean Eugsamhail, 1821.
 Laoidhean Spioradail le Donnachadh Mac Dhughail, 1841.
 Laoidhean ou Scriobtur Naomha, le Daniel Dewar, 1806.

